

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Uilleam Uallas (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,091. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 787 corresponds to Litir 1,091.

Tha mi airson innse dhuibh mu fhear a tha ainmeil ann an eachdraidh na h-Alba. Tha mi a’ dol a thoirt tuairisgeul dheth dhuibh. Agus tha mi an dòchas gum bi beachd agaibh cò th’ ann. Chaidh an tuairisgeul a sgrìobhadh ann an Gàidhlig anns a’ bhliadhna ochd ceud deug, seasgad ’s a seachd (1867). Seo na sgrìobh an t-ùghdar – air a chur gu Gàidhlig an latha an-diugh. ‘Bu duine neo-chumanta calm’ e. Ann am pearsa, garbh-chnàmhach; aghaidh fhada shoilleir; falt soilleir donn; sùilean soilleir geur-sheallach, sgor air taobh clì na smiogaid, coltas a ghnùis smuaireanach, dubhach.’

’S e ‘duine sònraichte’ a bh’ ann. ’S e ‘garg-churaidh’ a bh’ ann. Bha e ‘air a dhùsgadh suas mar leòmhann ... a rùnaich, le co-chuideachadh a luchd-dùthcha, gun rotadh e mach, aig roinn na beugaileid, a h-uile Sasannach a bha eadar ceann a tuath agus ceann a deas na h-Alba.’

Tuigidh sibh gun robh an duine beò o chionn fhada – o chionn còrr is seachd ceud bliadhna. Cò bh’ ann ach Uilleam Uallas. Tha mi cinnteach gun cuala sibh ainm. Bha e an sàs gu mòr ann an cogaidhean neo-eisimeileachd na h-Alba.

Tha an cunntas anns an leabhar ‘Eachdraidh na h-Alba’. B’ e ùghdar an leabhair Aonghas MacCoinnich à Geàrrloch. Bha e inntinneach dhomh gun do sgrìobh e gun robh coltas gnùis Uilleim Uallais ‘smuaireanach, dubhach’. *Dejected and gloomy*. Smuaireanach, dubhach. ’S dòcha, leis mar a bha cùisean ann an Alba aig an àm, gun robh gu leòr ann a dhèanadh e smuaireanach agus dubhach.

An do thuig sibh an còrr dhen tuairisgeul dheth? Bha e neo-chumanta calma. *He was unusually brave*. Bha e neo-chumanta calma. Bha e garbh-chnàmhach. Gu litreachail, ‘*he was rough-boned*’, a’ ciallachadh ‘*heavy boned*’, tha mi cinnteach. Bha falt soilleir donn aige, agus sùilean soilleir geur-sheallach. *He had light-brown hair; his eyes were bright and sharp-sighted*. Agus bha sgor air taobh clì na smiogaid. *There was a gash on the left side of the chin*.

Chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil an fhìrinn ghlan againn mu Uilleam Uallas. Tha tòrr dhen fhiosrachadh againn a’ tighinn bho dhàn a dh’fhàg am bàrd Eanraig Dall. Sgrìobh e sin faisg air dà cheud bliadhna an dèidh bàs Uallais. Agus tha gu leòr ann a tha dhen bheachd nach e an fhìrinn a bh’ aige.

Tha mi a’ dol a dh’innse dhuibh naidheachd no dhà mu dheidhinn Uilleim Uallais on leabhar aig Aonghas MacCoinnich. **Co-dhiù tha iad a’ riochdachadh na fìrinn gus nach eil**, chan eil mi cinnteach.

Rugadh Uilleam timcheall na bliadhna dà cheud deug is seachdad (1270). Aig an àm sin, bha Alasdair III air an rìgh-chathair. Nuair a bha Uilleam na dheugaire, thuit an rìgh far muin-eich agus chaochail e. B' i oighre a' chrùin Mairead, a' Mhaighdean Lochlannach. B' ise ban-ogha Alasdair.

Ge-tà, bha Mairead na pàiste, agus bha i a' fuireach ann an Nirribhidh. Chaidh buidheann a chur air chois airson Alba a riaghladh **anns an eadar-àm**. Nuair a chaidh Mairead a dh'Alba, dh'fhàs i tinn air an turas. Chaochail i ann an Arcaibh. Bha Alba a-nise gun rìgh no banrigh. Bha Uilleam Uallas mu fhichead bliadhna a dh'aois. Innsidh mi tuilleadh mu dheidhinn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: garbh-chnàmhach: *heavy-boned*; garg-churaidh: *a rugged hero*; Uilleam Uallas: *William Wallace*; Aonghas MacCoinnich: *Angus Mackenzie*; Geàrrloch: *Gairloch*; Eanraig Dall: *Blind Harry*; ban-ogha: *grand-daughter*; Arcaibh: *Orkney*.

Abairtean na Litreach: mu fhear a tha ainmeil ann an eachdraidh na h-Alba: *about a man who is famous in the history of Scotland*; tha mi an dòchas gum bi beachd agaibh cò th' ann: *I hope you will have an opinion as to who it is*; bu duine neo-chumanta calm[a] e: *he was an unusually brave man*; aghaidh fhada shoilleir: *a long, clear face*; falt soilleir donn: *light brown hair*; sùilean soilleir geur-sheallach: *clear, sharp-sighted eyes*; sgor air taobh clì na smiogaid: *an indentation on the left side of the chin*; coltas a ghnùis smuairianach, dubhach: *the appearance of his countenance dejected and gloomy*; air a dhùsgadh suas mar leòmhann: *awakened like a lion*; a rùnaich, le co-chuideachadh a luchd-dùthcha: *who resolved, with the support of his compatriots*; gun rotadh e mach, aig roinn na beugaileid: *that he would drive out, at the point of a bayonet*; cogaidhean neo-eisimeileachd na h-Alba: *the Scottish wars of independence*; chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil an fhìrinn ghlan againn: *we can't be sure that we know the complete truth*; bha Alasdair III air an rìgh-chathair: *Alexander III was on the throne*; nuair a bha Uilleam na dheugaire, thuit an rìgh far muin-eich agus chaochail e: *when William was a teenager, the king fell from horseback and died*; b' i oighre a' chrùin Mairead, a' Mhaighdean Lochlannach: *the heir to the throne was Margaret, the Maid of Norway*; chaidh buidheann a chur air chois: *a group was established*; dh'fhàs i tinn air an turas: *she became ill on the journey*.

Puing-chànain na Litreach: Co-dhiù tha iad a' riochdachadh na firinn gus nach eil: *whether or not they represent the truth. This might also be expressed co-dhiù tha iad a' riochdachadh na firinn no nach eil. This construction is useful in some circumstances for translating English 'whether'. Bidh mi ann, co-dhiù bi i grianach gus nach bi 'whether or not it will be sunny'. But be careful not to use it too slavishly. You might translate this alternatively: bidh mi ann, a' ghrian ann no às; bidh mi ann, co-dhiù bidh i grianach no gruamach; bidh mi ann, eadhon ged nach bi sgeul air a' ghrèin.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: airson Alba a riaghladh **anns an eadar-àm**: *to govern Scotland in the interim.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA